

Comhairle Sheirbheisean Sòisealta na h-Alba

Còdan Obrachaidh do Luchd-obrach agus Luchd-fastaidh na Seirbheis Shòisealta

Mu dheidhinn nan Còdan

Dh'fhoillsich sinn na Còdan an toiseach ann an 2003, a' mìneachadh nan ìrean giùlain is cleachdaidh nàiseanta a tha a' buntainn ri luchd-obrach uile na seirbheis shòisealta. Is e an dàrna eagraan a th' ann an Còdan ath-sgrùdaichte 2016 a tha a' gabhail cunntas air leasachaidhean ann am poileasaidh agus cleachdadh nan seirbheisean sòisealta.

Ro-ràdh

Tha Còdan Obrachaidh SSSC (na Còdan) a' mìneachadh:

- nan ìrean cleachdaidh agus giùlain a thathar a' sùileachadh bho gach neach a tha ag obair anns na seirbheisean sòisealta ann an Alba.
- nan ìrean a thathar a' sùileachadh bho fhastaichean luchd-obrach nan seirbheisean sòisealta ann an Alba.

Ann am mìneachadh nan ìrean sin, tha na Còdan nan inneal cleachdaidh do fhastaichean agus do luchd-obrach gus smaoineachadh mu dheidhinn mar as urrainn dhaibh an cleachdadh a leasachadh gu cunbhalach. Tha na Còdan a' leigeil le daoine a tha a' cleachdadh nan seirbheisean sòisealta agus luchd-cùraim, aithne a bhith aca air na dh'fhaodas iad a shùileachadh bhon luchd-obrach a tha a' toirt taic dhaibh.

Tha na Còdan ann an dà phàirt

Tha an dà Chòd air an taisbeanadh còmhla oir tha iad co-phàirteach agus a' toirt an aon dealbh de cho-dhleastanasan co-roinnte, an dà chuid fastaichean agus luchd-obrach, ann an coileanadh nan ìrean.

1. Còd do Fhastaichean Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta

Mas e fastaiche a th' annad, tha an Còd do Fhastaichean Luchd-obrach Sheirbheisean Sòisealta a' mìneachadh do dhleastanasan airson a dhèanamh cinnteach gu bheil earbsa san sgioba-obrach agad, gu bheil iad sgileil agus misneachail. Tha e mar fhiachaibh ort taic a thoirt don luchd-obrach agad gus na h-ìrean a choileanadh a tha mìnichte anns a' Chòd do Luchd-obrach nan Seirbheisean Sòisealta agus an dà phàirt de na Còdan a

chleachdadh mar inneal leasachaidh leantainneach.

2. Còd do luchd-obrach nan Seirbheisean Sòisealta

Ma tha thu ag obair ann an seirbheisean sòisealta, tha an Còd do Luchd-obrach nan Seirbheisean Sòisealta a' mìneachadh ìrean soilleir a thathar a' sùileachadh dhut a choileanadh. Is e do dhleastanas-sa na h-ìrean sin a choileanadh agus bu chòir dhut an Còd a chleachdadh gus do mhodh-obrach a nochdadh agus mar as urrainn dhut a bhith a' leasachadh gu leantainneach, a chomharrachadh.

Carson a tha na Còdan cudromach?

Dìon poblach agus riaghladh na sgioba-obrach

Tha na Còdan, còmhla ris na h-Ìrean Cùraim Nàiseanta, nam pàirt chudromach de riaghladh agus leasachadh na càileachd cùraim air a bheil daoine eòlach a tha a' cleachdadh sheirbheisean sòisealta.

Feumaidh fastaichean agus luchd-obrach uile a bhith dealasach a thaobh obrachadh ann an co-rèir ris na Còdan Obrachaidh.

Tha an SSSC a' riaghladh na sgioba-obrach agus ag amas air a dhèanamh cinnteach gum faod sluagh na h-Alba earbsa a chur anns na seirbheisean a tha gan solarachadh le sgioba-obrach a tha earbsach, sgileil agus misneachail.

Tha an Luchd-sgrùdaidh Cùraim a' riaghladh bhuidhnean a tha a' fastadh luchd-obrach agus a' solarachadh sheirbheisean cùraim clàraichte. Tha an Luchd-sgrùdaidh Cùraim cuideachd a' toirt seachad comhairle agus ag adhartachadh deagh chleachdadh gus feabhas a thoirt air ìrean tarsainn roinn na seirbheis shòisealta.

Nuair nach eil neach-obrach no fastaiche clàraichte a' coileanadh dhòchasan a tha minichte sna Còdan, dh'fhaodadh gun cuir an SSSC gnìomh an cèill (do luchd-obrach) no an Luchd-sgrùdaidh Cùraim (do ffastaichean). Is urrainn don SSSC gnìomh a chur an cèill an aghaidh luchd-obrach tro ar pròiseas ìomchaidheachd obrachaidh. Bidh an Luchd-sgrùdaidh Cùraim a' toirt comhairle do sholaraidhean seirbheis cùraim a thaobh leantainn nan Còdan, agus ma bhios e riatanach, is urrainn dhaibh gnìomh a chur an cèill an aghaidh luchd-fastaidh.

Cur taic ri deagh chleachdadh gach latha

Tha na Còdan nan inneal airson leasachadh leantainneach agus feabhasachadh cleachdaidh. Mar eisimpleir, is urrainn dhut an cleachdadh:

- mar thaic do dheasbaidan cunbhalach mu Chòdan aig coinneamhan sgioba
- aig àm inntigidh agus airson ionnsachadh agus leasachadh luchd-obrach
- gus cleachdadh làithreach a nochdadh.

Goireasan agus beachd-smuaintean mar thaic do leasachadh air-loidhne aig
www.sssc.uk.com

Còd Obrachaidh do Fhastaichean Luchd-obrach na Seirbheis Shòisealta

1: Mar fhastaiche seirbheis shòisealta, feumaidh tu a dhèanamh cinnteach gu bheil daoine freagarrach airson a bhith nan luchd-obrach san t-seirbheis shòisealta agus gu bheil iad a' tuigsinn an dreuchdan agus an dleastanasan.

Bidh tu

1.1	Cleachdadh phròiseasan trusaidh mionaideach gus a dhèanamh cinnteach nach tig a-steach don sgioba-obrach ach daoine freagarrach le seasamhan agus luachan iomchaidh, agus le comas air an eòlas agus na sgilean riatanach a chosnadh.
1.2	Sgrùdadh chlàran eucoir agus a' leantainn stiùireadh buntainneach ann am measadh a bheil neach comasach air dleastanasan na h-obrach a choileanadh, do bheil iad air an taghadh. Feumaidh tu seo a dhèanamh mus fhastaidh thu iad.
1.3	Ag iarraidh agus a' solarachadh theisteanasan obrach ceart agus iomchaidh gus fiosrachadh a roinn a thaobh cho freagarrach 's a tha neach gu bhith ag obair anns na seirbheisean sòisealta.
1.4	Toirt fiosrachadh soilleir do luchd-obrach mu an dreuchdan agus an dleastanasan, reachdas buntainneach agus na poileasaidhean agus modhan-obrach a dh'fheumas iad a leantainn san obair aca.

2: Mar fhastaiche seirbheis shòisealta, feumaidh an cultar agus na siostaman a bhith agad nan àite gus taic a thoirt do luchd-obrach na seirbheis shòisealta airson an Còd Obrachaidh a choileanadh.

Bidh tu

2.1	Cur poileasaidhean agus modhan-obrach sgrìobhte an gnìomh agus gan sgrùdadh, gu h-àraid a thaobh casaidean cron no droch-dhiol aithris don ùghdarras bhuntainneach.
2.2	Stiùireadh agus marasgladh luchd-obrach na seirbheis shòisealta gu h-èifeachdach gus an cleachdadh as fheàrr agus deagh ghiùlan adhartachadh, agus taic a thoirt do luchd-obrach ann an leasachadh leantainneach air coileanadh an dleastanas agus dèanamh cinnteach gu bheil iad freagarrach don obair.

2.3	Le siostaman nan àite airson èisteachd ri agus beachdachadh air ais-fhiosrachadh bho dhaoine a tha a' cleachdadh sheirbheisean, bho luchd-cùraim agus daoine buntainneach eile, gus seirbheisean a chumadh agus a leasachadh agus feabhas a thoirt air coileanadh luchd-obrach na seirbheis shòisealta.
2.4	Le siostaman nan àite do luchd-obrach na seirbheis shòisealta airson uireasbhaidh ann an goireasan no duilgheadasan aithris, a dh'fhaodadh buaidh àicheil a thoirt air liubhairt cùraim. Bidh tu ag obair le luchd-obrach na seirbheis shòisealta agus le ùghdarrasan buntainneach airson dèiligeadh leis na duilgheadasan sin.
2.5	Le siostaman nan àite airson taic a chur ri luchd-obrach gus innse nuair a tha iad a' faireachdainn gu bheil na cleachdaidhean obrachaidh mì-iomchaidh no mì-shàbhailte airson adhbhar sam bith.
2.6	Cur taic ri luchd-obrach na seirbheis shòisealta gus na h-ìrean anns a' Chòd Obrachaidh aca a choileanadh, agus gun a bhith ag iarraidh orra nì sam bith a dhèanamh a dh'fhaodadh bacadh a chur air an sin tachairt.
2.7	Ma dh'fhastaidheas tu luchd-obrach bho dhreuchdan proifeiseanta eile, cuir taic riutha gus an còdan proifeiseanta fhèin a choileanadh.
2.8	Ag innse don ùghdarras bhuntainneach mu luchd-obrach air am faodadh easbhaidh a bhith a thaobh an iomchaidheachd obrachaidh.

3: Mar fhastaiche seirbheis shòisealta, feumaidh tu cothroman ionnsachaidh agus leasachaidh a sholarachadh do luchd-obrach na seirbheis shòisealta gus an comasachadh air an sgilean agus an eòlas a neartachadh agus a leasachadh.

Bidh tu

3.1	Solarachadh chothroman inntrigidh, ionnsachaidh agus leasachaidh àrd-chàileachdail gus luchd-obrach na seirbheis shòisealta a chuideachadh le an obair a choileanadh gu h-èifeachdach, agus ullachadh airson dreuchdan is dleastanasan ùra agus caochlaideach.
3.2	Cur ri solarachadh cùram sòisealta agus foghlam is ionnsachadh obair shòisealta, a' gabhail a-steach measaidhean èifeachdach

	san àite-obrach agus ionnsachadh air cleachdadh.
3.3	Cur taic ri luchd-obrach a dh'fheumas a bhith clàraichte leinn gus na cumhachan clàraidh aca agus an riatanas airson leasachadh leantainneach proifeiseanta, a choileanadh.
3.4	Freagairt ann an dòigh iomchaidh do luchd-obrach na seirbheis shòisealta aig a bheil feum air taic a chionn 's nach eil iad a' faireachdainn comasach air, no ullaichte gu leòr airson an obair a choileanadh.
3.5	Solarachadh stiùireadh èifeachdach agus cunbhalach do luchd-obrach na seirbheis shòisealta gus taic a thoirt dhaibh a' leasachadh agus a' feabhasachadh tro chleachdadh beachdail.
4: Mar fhastaiche seirbheis shòisealta, feumaidh poileasaidhean agus modhan-obrach sgrìobhte a bhith agad nan àite airson daoine a dhion a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim, agus airson taic a thoirt do luchd-obrach na seirbheis shòisealta.	
Bidh tu	
4.1	Ga dhèanamh soilleir do luchd-obrach na seirbheis shòisealta nach tèid gabhail ri burraidheachd, sàrachadh no seòrsa sam bith de leth-breith agus gun cuirear gnìomh an cèill airson dèiligeadh leis a leithid sin de mhodh-giùlain.
4.2	Le modhan-obrach nan àite do luchd-obrach na seirbheis shòisealta a bheir dhaibh cothrom air aithris: <ul style="list-style-type: none"> • nuair a dh'fhaodadh gu bheil easbhaidh ann an iomchaidheachd obrachaidh cho-obraiche • gabhail brath air no seòrsa sam bith de mhodh-giùlain no cleachdadh a tha cunnartach, leth-breitheach no droch-dhiolach • nuair a tha no nuair a dh'fhaodadh gu bheil cùram air cron no call corporra, faireachail, ionmhasail no beanailteach, adhbhrachadh.
4.3	Dèiligeadh le aithisgean agus casaidean bho luchd-obrach na seirbheis shòisealta gu h-aithghearr, gu h-èifeachdach agus gu fosgarra.
4.4	Ga dhèanamh soilleir do luchd-obrach na seirbheis shòisealta, daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim, nach gabhar ri fòirneart, bagairtean no droch-dhiol. Bidh poileasaidhean agus modhan-obrach soilleir agad airson cunnart

	a thaobh fòirneart a lùghdachadh agus airson tachartasan borb a làimhseachadh.
4.5	Cur taic ri luchd-obrach na seirbheis shòisealta a tha a' fulang mòr-chiùrradh no fòirneart nan obair.
4.6	Cur phoileasaidhean agus modhan-obrach an gnìomh a tha ag adhartachadh sunnd agus co-ionannachd luchd-obrach agus a' toirt spèis do dh'iomadachd.
4.7	Solarachadh taic iomchaidh do luchd-obrach na seirbheis shòisealta air am faodadh easbhaidh a bhith nan iomchaidheachd obrachaidh, agus stiùireadh soilleir a thoirt air cuibhreachaidhean sam bith air an obair fhad 's a tha iad a' faighinn taic no leigheas. Fhad 's a tha seo ga dhèanamh, feumaidh tu a dhèanamh cinnteach gur e cùram agus sàbhailteachd dhaoine a tha a' cleachdadh sheirbheisean, am prìomhachas agad.
4.8	Dèanamh cinnteach, far a bheil no far am faodadh gu bheil cùram air cron no call corporra, faireachail, ionmhasail no beanailteach adhbhrachadh, gu bheil seo air innse do na h-ùghdarrasan iomchaidh.

5: Mar fhastaiche seirbheis shòisealta, feumaidh tu an Còd Obrachaidh do Luchd-obrach na Seirbheis Shòisealta fhollaiseachadh agus adhartachadh do dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim, agus co-obrachadh leinne nar n-imeachdan.

Bidh tu

5.1	Luchd-obrach na seirbheis shòisealta fhiosrachadh mun Chòd Obrachaidh do Fhastaichean Luchd-obrach na Seirbheis Shòisealta agus do dhleastanas-sa cumail ris.
5.2	Luchd-obrach na seirbheis shòisealta fhiosrachadh mun Chòd Obrachaidh do Luchd-obrach na Seirbheis Shòisealta agus an dleastanas-san cumail ris.
5.3	Aire dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùram a tharraing gu na Còdan Obrachaidh do Luchd-obrach agus Luchd-fastaidh na Seirbheis Shòisealta. Daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim fhiosrachadh mun dòigh air cùisean a thogail co-cheangailte ris

	na Còdan, a' gabhail a-steach mar a chuirear fios thugainn agus co-obrachadh le cùisean sam bith a dh'èireas às an seo.
5.4	Gabhail cunntas air a' Chòd Obrachaidh do Luchd-obrach na Seirbheis Shòisealta ann an tighinn gu co-dhùnidhean sam bith a tha co-cheangailte ri iomchaidheachd obrachaidh neach-obrach.
5.5	Leantainn stiùireadh air tar-chur gu an SSSC mu dheidhinn neach-obrach air am faodadh easbhaidh a bhith na iomchaidheachd obrachaidh. Mas iomchaidh, innis don neach-obrach gu bheil thu air tar-chur a dhèanamh.
5.6	Co-obrachadh le rannsachaidhean an SSSC agus sgrùdaidhean ùghdarrasan eile, a' gabhail a-steach solarachadh sgrìobhainnean, frithealadh èisteachdan agus freagairt nan toraidhean agus co-dhùnidhean.
5.7	Comasachadh agus toirt taic do luchd-obrach na seirbheis shòisealta gus co-obrachadh le rannsachaidhean an SSSC agus sgrùdaidhean ùghdarrasan eile (mar eisimpleir, gus aithrisean fhianaisean, sgrìobhainnean no fiosrachadh eile a sholarachadh, agus far a bheil e iomchaidh, èisteachdan a fhrithealadh).

Còd Obrachaidh do Luchd-obrach na Seirbheis Shòisealta

1: Mar neach-obrach seirbheis shòisealta, feumaidh mi còraichean agus ùidhean dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim, a dhìon agus adhartachadh.	
Bidh mi	
1.1	Dèiligeadh leis gach pearsa mar neach fa leth.
1.2	Toirt spèis do, agus far a bheil e iomchaidh, ag adhartachadh bheachdan agus rùintean dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim.
1.3	Cur taic ri còraichean dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus smachd a chumail air am beatha agus roghainnean fiosraichte a dhèanamh mu na seirbheisean a tha iad a' cleachdadh.
1.4	Toirt spèis do agus cumail suas urram agus prìobhaideachd nan daoine a tha a' cleachdadh sheirbheisean.
1.5	Ag obrachadh ann an dòigh a tha ag adhartachadh iomadachd agus toirt spèis do chultaran is luachan eadar-dhealaichte.

2: Mar neach-obrach seirbheis shòisealta, feumaidh mi earbsa agus misneachd dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim, a chruthachadh agus a chumail suas.	
Bidh mi	
2.1	Firinneach, fosgarra, onaireach agus earbsach.
2.2	Conaltradh ann am modh iomchaidh, fosgarra, cuimseach agus dìreach.
2.3	Toirt spèis do fhiosrachadh dìomhair agus a' mìneachadh poileasaidh m' fhastaiche gu soilleir mu dhìomhaireachd dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim.
2.4	Earbsach agus urrasach.
2.5	Toirt urram do dhealasan, aontaidhean agus rèiteachaidhean obrach, agus nuair nach eil e comasach sin a dhèanamh, mìneachadh sin do dhaoine a tha a' cleachdadh sheirbheisean,

	luchd-cùraim agus do m' fhastaiche.
2.6	Ag ainmeachadh chùisean a dh'fhaodadh strì eadar com-pàirtean a chruthachadh agus dèanamh cinnteach nach toir iad buaidh air mo bhreithneachadh no mo chleachdadh.
2.7	Cumail ri poileasaidhean agus modhan-obrach mu dheidhinn gabhail ri tiodhlacan airgid bho dhaoine a tha a' cleachdadh sheirbheisean no luchd-cùraim.

3: Mar neach-obrach seirbheis shòisealta, feumaidh mi neo-eisimeileachd dhaoine a tha a' cleachdadh sheirbheisean adhartachadh, fhad 's a tha mi gan dìon cho fada 's a ghabhas bho chunnart agus cron.

Bidh mi

3.1	Ag adhartachadh neo-eisimeileachd dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus gan comasachadh gu an còraichean a thuigsinn agus a chur an gnìomh.
3.2	Cleachdadh phròiseasan agus modhan-obrach stèidhichte airson aithris air casaidean cron. Dùbhlanaich agus ag innse mu ghabhail brath agus modh-giùlain no cleachdadh cunnartach, droch-dhiolach no leth-breitheach.
3.3	Leantainn chleachdaidhean agus modhan-obrach a tha dealbhaichte airson mi fhìn agus daoine eile a chumail sàbhailte bho mhodh-giùlain fhòirneartach no droch-dhiolach aig m' obair.
3.4	Ag innse do m' fhastaiche no don ùghdarras iomchaidh mu dheidhinn duilgheadasan goireasachaidh no obrachaidh a dh'fhaodadh bacadh a chur air solarachadh cùraim.
3.5	Ag innse dom fhastaiche no don ùghdarras iomchaidh nuair a dh'fhaodadh easbhaidh a bhith air iomchaidheachd obrachaidh co-obraiche.
3.6	Fosgarra agus onaireach le m' fhastaiche, le daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim, nuair a tha no dh'fhaodadh gu bheil cùram air cron no call corporra, faireachail, ionmhasail no beanailteach, adhbhrachadh.
3.7	Co-obrachadh le rannsachaidhean sam bith le m' fhastaiche, an SSSC no ùghdarras eile a thaobh m' iomchaidheachd obrachaidh no

	iomchaidheachd obrachaidh chàich. Dh'fhaodadh seo a bhith gabhail a-steach frithealadh èisteachdan agus solarachadh aithrisean fhianaisean, sgrìobhainnean no fiosrachadh eile.
3.8	Cumail ri poileasaidhean slàinte agus sàbhailteachd m' fhastaiche, a' gabhail a-steach iadsan co-cheangailte ri mì-fheum air stuthan.
3.9	Comasachadh dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim, gu gearanan a thogail. Gabhail ri gearanan gu trom-chùiseach agus gam freagairt no gan cur gu an neach iomchaidh. Gnìomh iomchaidh a chur an cèill nuair a tha casaid cron ag èirigh.

3.10	Tuigsinn agus cleachdadh na cumhachd agus an ùghdarrais a th' agam le cùram, nuair a tha mi ag obair le daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean agus luchd-cùraim.
------	---

4: Mar neach-obrach seirbheis shòisealta, feumaidh mi spèis a thoirt do chòraichean dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean, agus a' strì ri dhèanamh cinnteach nach eil am modh-giùlain aca a' dèanamh cron orra fhèin no air càch.	
Bidh mi	
4.1	Tuigsinn gu bheil còir aig na daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean air cothroman cunnartach a ghabhail agus taic a thoirt dhaibh ag obrachadh gu deimhinneach le comas agus cunnartan dhaibh fhèin agus do chàch.
4.2	Leantainn phoileasaidhean agus modhan-obrach measadh cunnairt gus a dhearbhadh a bheil modh-giùlain dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean ann an cunnart cron a dhèanamh orra fhèin no air càch.
4.3	Gabhail nan ceumannan riatanach airson cunnartan a lùghdachadh a thaobh daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean, cron a dhèanamh orra fhèin no air càch.
4.4	Dèanamh cinnteach gu bheil co-obraichean agus buidhnean buntainneach air am fiosrachadh mu bhuilean agus buadhan mheasaidhean cunnairt.

5: Mar neach-obrach seirbheis shòisealta, feumaidh mi earbsa agus misneachd poblach ann an seirbheisean sòisealta, a chumail suas.	
Cha bhi mi	
5.1	A' dèanamh droch-dhiol, dearmad no cron air daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean, luchd-cùraim agus mo cho-obraichean.
5.2	Gabhail brath air daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean, luchd-cùraim no air mo cho-obraichean.
5.3	A' dèanamh mì-fheum air earbsa dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean no luchd-cùraim, no an cothrom a tha agam air fiosrachadh pearsanta mun deidhinn no an cuid-seilbh, an dachaigh no an àite-obrach.
5.4	Togail dhàimhean mì-iomchaidh le daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean no luchd-cùraim.
5.5	Dèanamh leth-breith air daoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean, luchd-cùraim no mo cho-obraichean.
5.6	Ag aontachadh le leth-breith sam bith bho dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean, luchd-cùraim no mo cho-obraichean.
5.7	Gam chur fhìn no daoine eile ann an cunnart neo-riatanach.
5.8	Gam ghiùlain fhìn taobh a-staigh no taobh a-muigh m' obair ann an dòigh a thogadh ceist mu mo fhreagarrachd a bhith ag obair anns na seirbheisean sòisealta.

6: Mar neach-obrach seirbheis shòisealta, tha mi cunntachail airson càileachd m' obair agus gabhaidh mi uallach airson m' eòlas agus mo sgilean a chumail suas agus a leasachadh.	
Bidh mi	
6.1	Coileanadh irean cleachdaidh agus irean obrach buntainneach ann an dòigh laghail, sàbhailte agus èifeachdach.
6.2	Cumail suas chlàran soilleir, ceart agus àmail, ann an co-rèir ri modhan-obrach co-cheangailte ri m' obair.
6.3	Ag innse do m' fhaostaiche no don ùghdarras iomchaidh mu dheidhinn duilgheadasan pearsanta sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air mo chomas air m' obair a dhèanamh gu

	h-èifeachdach agus gu sàbhailte, agus innse don SSSC mu nì sam bith a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air m' iomchaidheachd obrachaidh.
6.4	Ag iarraidh cuideachadh air m' fhastaiche no air an ùghdarras iomchaidh mura h-eil mi a' faireachdainn comasach no ullaichte gu leòr airson pàirt sam bith de m' obair a choileanadh, no mura h-eil mi cinnteach mu dheidhinn mar a thèid mi air adhart.
6.5	Ag obair gu fosgarra agus a' co-obrachadh le co-obraichean agus a' dèiligeadh riutha le spèis.
6.6	Tuigsinn gu bheil an t-uallach orm an-còmhnaidh airson na h-obrach a tha mi air a thiomnadh do chàch.
6.7	Tuigsinn agus toirt spèis do dhreuchdan agus eòlas an luchd-obrach bho dhreuchdan proifeiseanta eile agus ag obair ann an com-pàirteachas leotha.
6.8	Toirt spèis do dhleastanasan cho-obraichean a tha a' leantainn chòdan proifeiseanta a tha diofraichte.
6.9	Gabhail ionnsachadh buntainneach os làimh gus m' eòlas agus sgilean a chumail suas agus a leasachadh agus cur ri ionnsachadh agus leasachadh chàich.
6.10	Ag èisteachd ri ais-fhiosrachadh bho dhaoine a bhios a' cleachdadh sheirbheisean, luchd-cùraim agus daoine buntainneach eile agus a' beachdachadh air an ais-fhiosrachadh sin gus mo chuid cleachdaidh a leasachadh.

Fiosrachadh bhon chòmhdach cùil

- Tha na Còdan sin an gnìomh bho 1 Samhain 2016 agus tha iad an àite nan tionndaidhean uile a bh' ann roimhe.
- Air a sgaoileadh fo earrann 53 den Achd Riaghladh Cùraim (Alba) 2001.
- Tha na Còdan a' toirt eisimpleirean de chleachdadh, iomchar agus modh-giùlain ach cha bhi iad a' gabhail a-steach a h-uile seòrsa modh-giùlain a dh'fhaodadh tu fhaicinn.

Comhairle Sheirbheisean Sòisealta na h-Alba
Taigh na Combaist
11 Slighe Bruach-aibhne
Dùn Dè
DD1 4NY

Fòn: 0345 60 30 891

Post-d: enquiries@sssc.uk.com

Làrach-lìn: www.sssc.uk.com

Twitter: @SSSCnews

Facebook: www.facebook.com/thesssc

Nam bu mhath leibh an sgrìobhainn seo iarraidh ann an cruth eile, cuiribh fios gu SSSC air 0345 60 30 891.

© Comhairle Sheirbheisean Sòisealta na h-Alba 2016